



## Leasan 14: Boireannach a chaidh a-steach do shìthean

### 1. An Sgeulachd

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/37055>

### 2. Gnìomhan do Sgoilearan

#### a. Ceistean

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean, a' cleachdad nam facian agad fhèin.

Dòmhnull MacDhòmhnaill à Beinn na Fadhla ag innse naidheachd do Chalum MacIII Eathain (Sgoil Eòlais na h-Alba).

\*Mus tòisich thu air èisteachd ris, leugh am fiosrachadh mun fhacal 'fallaid' anns an roinn 'Briathrachas' airson barrachd tuigse a bhith agad.

1. Dè tha Dòmhnull ag ràdh mu na sìthichean san latha an-diugh?
2. Dè rinn am boireannach aon latha?
3. Dè tha ann an sìthean?
4. Carson a ghabh am boireannach ris an fhiathachadh a dhol a-steach dhan t-sìthean?
5. Ciamar a gheibheadh i às an t-sìthean, a rèir nan sìthichean?
6. Dè nach robh a' tachairt leis a' mhin anns a' chiste?
7. Dè dh'fheumadh i a dhèanamh leis an fhallaid?
8. Carson a bha an seann sìthiche ga fhàgail san t-sìthean?
9. Dè am moladh a thug e dhan bhoireannach?
10. Dè thuirt i ri ceannard an t-sìthein nuair a theirig a' mhin?
11. Dè thuirt an ceannard ris a' bhodach?
12. Dè bha air tachairt anns an ùine a bha i air falbh on dachaigh?

#### b. Ealaín

Nan rachadh tu fhèin a-steach gu sìthean airson ùine mhòr, cò ris a bhiodh an saoghal coltach nuair a gheibheadh tu às?

- Carson a rachadh tu a-steach dhan t-sìthean an toiseach?
- Ciamar a gheibheadh tu teicheadh?
- Dè bhiodh air atharrachadh?
- Cò bhiodh tu ag ionndrainn?
- Cò nach biodh tu ag ionndrainn?

- Ciamar a bhiodh tu a' faireachdainn san fharsaingeachd?
- Dè cho fad 's a bhiodh tu a' smaoineachadh a bha thu ann? Agus dè an ùine a bha air a dhol seachad anns an t-saoghal a-muigh?

Sgrìobh sgeulachd ghoirid (mu 600-800 facail) mun t-suidheachadh seo.

### 3. Stuthan Taic

#### a. Briathrachas

**fallaid, an fhallaid** – 'S e a' mhin thioram a tha air fhàgail às dèidh do dh'aran fhuine a th' anns an fhallaid. Ann� na h-Eileanan Siar, dhèanadh iad bonnach leis an fhallaid agus bha seo air fhuine aig an aon àm ris an aran. Bha daoine a' creidsinn gum biodh seo a' ciallachadh nach biodh an stòras de mhin a' crònadh. Cha bhiodh bean fhaiceallach a' cur na fallaid air ais dhan ghàirneal (ciste na mine) idir. Tha an sgeulachd seo ag obair mar sheòrsa de rabhadh airson an t-saobh-chràbhaidh sin. Tha barrachd fios ann am faclair Dwelly:

<https://www.faclair.com/ViewDictionaryEntry.aspx?ID=F72D836002D1840BC505B3A5592588E2>

**air a chantail** – air a ràdh

**chan fhiosraich dhomh** – chan eil mi eòlach air

**às dèidh a' chruidh** – 'crodh' anns an tuiseal ghnideach

**thàinig i an rathad aige** – thachair i ris

**fiathachadh** – cuireadh

**a' fuine** – a' bèicearachd

**min** – an stuth a bhios ga chleachdad airson aran is eile a dhèanamh; flùr

**theann i air fuine** – thòisich i air fuine

**a' dol an lughad** – a' fàs nas lugha

**theirig na bh' innte a mhin** – chaidh a' mhin a chleachdad air fad

**ceann m' aimsir, ceann do thìm-sa** – tha aimsir ga chleachdad an seo airson tide seach sìde. 'S e tìm falal eile airson tide cuideachd.

#### b. Geàrr-chunntas

Boireannach a chaidh a-steach do shìthean agus nach fhaigheadh a-mach gus an cuireadh i crioch air a' chiste-mhine.

Dh'fhàg boireannach a' chlann bheaga a-staigh fhad 's a chaidh i a shealltainn air a' chrodh. Dh'fhàs i dorcha agus air a rathad dhachaigh thachair i air sithean. Fhuair i fiathachadh a dhol a-steach, ach an làrna-mhàireach bha duilgheadas aice faighinn a-mach. Airson faighinn a-mach, dh'fheumadh i aran fhuine gus an cuireadh i crìoch air na bha de mhin anns a' chiste. Ged a bha i a' fuine 's a' fuine cha robh a' mhin a' teireachdann. Dh'inns fear dhe na seann sìthicéan dhi ciamar a thigeadh aice air seo a dhèanamh. Fhuair i a-mach agus chaidh i dhachaigh, ach nuair a rèinig i an taigh bha cuid dhen chloinn nan athraichean, agus 's dòcha nan seanairean, ach bha i fhèin a cheart cho òg 's a bha i nuair a chaidh i a-steach don t-sìthean.

### c. An Sìthean

'S e àite-fuirich nan sìthichean a bh' anns an t-sìthean. Gu math tric, bhiodh cnocanan beaga cruinn gan ainmeachadh mar shìthean. Uaireannan, 's e fior sheann làrach-adhlacaidh a bhiodh anna, agus bhon uair sin bha e air a thighinn a-nuas ann am beul-aithris mar àite anns am biodh na sìthichean a' fuireach. Ge b' e dè seòrsa cnuic a bh' ann, 's e àite cunnartach a bh' anns an t-sìthean airson mac-an-duine. Tha iomadh sgeulachd ann mu dheidhinn daoine a chaidh a-steach do shìthean agus nuair a fhuair iad ma sgaoil mu dheireadh thall, bha tim san t-saoghal fhèin an dèidh a dhol seachad fada na bu luaithe (mar a thachair dhan bhoireannach san sgeulachd seo).

Gheibhear Sìthean ann an ainmean àite air feadh na Gàidhealtachd, agus eadhon ann an Alba Nuadh. 'S e an Sìthean a th' aig muinntir na Gàidhlig air baile Inbhir Nis ann an Ceap Breatainn.

**Sròn an t-Sìthein** – baile ann an Earra-Ghàidheal

**An Sìthean Mòr** – cnoc faisg air Mòrar

**Sìthean a Tuath agus Sìthean a Deas** – dà bhaile bheag air gach taobh de Loch Creurain anns an Apainn

**An Sìthean** – coimhleasachd agus sgìre ann an Ceap Breatainn air a bheil 'Inbhir Nis' anns a' Bheurla

**Cnoc an t-Sìthein** – tha seo ri lorg ann an iomadh àite, Tiriodh, Cataibh, Loch Aillse agus Ceap Breatainn nam measg

**Sìdh Chailleann** – Sìthean nan Cailleanach, beinn mhòr ann an Ceann a Tuath Shiorrachd Pheirt

**Gleann Sìth** – ann an Siorrachd Pheirt

## 4. Fiosrachadh Eile

### a. Am Fiosraiche

Dòmhnull MacDhòmhnaill (Dòmhnull Ruairidh Dhuibh). Rugadh ann an 1910 agus thogadh e ann am Beinn na Fadhla. Bha e ag obair aig muir.

### b. Ceanglaichean

**Boireannach a' fuine ann an sìthean.**

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/43665/1>

Aonghas MacIII Fhialain; Mòr Chaimbeul.

Nuair a chaidh boireannach à Uibhist a Deas a thoirt a-steach dha sìthean, chaidh iarraidh oirre na bha sa chiste-mhine fhuine. Cha robh a' mhin a' cosg gus an do dh'iarr seann sìthiche oirre sgur a chur air ais na fallaid dhan chiste. Ghabh i a chomhairle, dh'fhalamhaich a' chiste, agus fhuair i a-mach.

**Tè a bha a' fuine dha na sìthichean, agus mar a fhuair i dhachaigh.**

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/47295/1>

Flòraidh NicCumhais.

Bha boireannach air a cumail ann an sìthean. Thuirt iad rithe gum faigheadh i dhachaigh an dèidh dhi a' mhin a bh' anns a' chiste fhuine. Ach cha robh crìoch a' tighinn air a' mhin idir, a dh'aindeoin na dh'fhuineadh i. Thuirt sìthiche rithe nan cuireadh i an fhallaid air ais dhan chiste, chaitheadh i a' mhin agus gheibheadh i dhachaigh.

### **Boireannach ann an sìthean.**

<http://www.tobarandualchais.co.uk/gd/fullrecord/88865/1>

Pàdruig Moireasdan.

Thugadh boireannach dhan t-sìthean ann an Creag Hàstain an Uibhist a Tuath. Dh'fheumadh i tàiseachadh air fuine. Bha aice ri ciste na mine fhalamhachadh air neo chan fhaigheadh i air falbh. Chaidh iarraidh oirre an fhallaid a thilleadh dhan chiste. Cha do dh'fhalamhaich ciste na mine. Dh'innse sìthiche sean dhan bhoireannach gum bu chòir dhi an fhallaid fhuine a chur còmhla ris a' chòrr. [Tha seo eadar-dhealaichte on sgeul àbhaisteach anns a bheilear ag iarraidh air a' bhoireannach an fhallaid a thilleadh dhan chiste.] Rinn am boireannach mar a thuirt e agus chosg i a' mhin air fad, agus fhuair i air falbh, ach cha robh na sìthichean toilichte gun d' fhuair i cuideachadh. Tha cliù aig sliochd a' bhoireannaich mar dheagh luchd-obrach.

## **5. Freagairtean**

Tidsearan: cuiribh post-d gu dualchas@smo.uhi.ac.uk gus lethbhreac de na freagairtean airson nan leasanan air fad fhaighinn.